

An Lòchran

A charaid chòir,

Gu h-ìosal seo gheibh sibh freagairt bho An Lòchran a thaobh a' cho-chomhairleachaidh airson Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2017-22.

Tha am bòrd agus oifigear leasachaidh An Lòchran gu math toilichte a bhith an sàs anns a' cho-chomhairleachadh seo, agus tha sinn a' cur thugaibh ar beachdan air. Tha sinn gu mòr an dòchas gum bi iad gu feum.

Le gach deagh dhùrachd,

An Lòchran

Tha sinn a' freagairt nan ceistean mar a chaidh an cur mar coinneamh san Dreach Plana.

**1. Tha cumadh a' Phlana a' gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a' Phlana agus air an àrd-amas againn?**

Tha An Lòchran ag aontachadh gu mòr ris na h-amasan agus tha iad air an cur sìos ann an dòigh a tha soilleir.

Bidh feum mhòr air na h-Ealain Ghàidhlig aig gach ìre airson na h-amasan seo a thoirt gu buil. Tha na h-Ealain a' toirt cothrom mhath do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig aig diofar ìrean agus comasan gus luach, bòidhchead agus farsaingeachd na Gàidhlig fhaicinn agus dè ghabhas dèanamh leatha. Bhiodh e feumail beagan a bharrachd doimhneachd fhaicinn mu dè seòrsa taic a tha na h-Ealain a' dol a dh'fhaighinn airson an neartachadh, agus dè na beàrnan as èiginnich a tha feumach air an lìonadh. Gu dearbha bhiodh tuilleadh airgid gu math cuideachdail, ach dè eile?

**2. Tha sinne dhen bheachd gu bheil e riatanach gum bi deagh ìomhaigh aig a' Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo?**

Tha ìomhaigh na Gàidhlig cudthromach dha rìribh agus tha na h-Ealain Ghàidhlig a' cur ris a sin gu mòr. Tha iad a' taisbeanadh sgilean cruthachail, a' toirt cothroman do luchd na Gàidhlig an cuid cànan a chur gu feum le bhith dol an sàs anns na h-Ealain-Ghàidhlig agus a bhith a' dol gam faicinn. Leis a sin tha na h-Ealain a' cur susbaint ris an deagh ìomhaigh.

Tha e cudromach gu bheil an deagh ìomhaigh stèidhichte air suidheachadh Gàidhlig a tha làidir, nua-aimsireachd agus adhartach a bharrachd air a bhith a' togail buaidh às ar beartas, eachdraidh agus cultur. Le bhith ag ràdh sin, tha cunnart ann gun dèan dìth taic cron air ar n-ìomhaigh. Aig a' cheann thall 's e foghlam oifigeil agus neo-oifigeil a bheireas buaidh air mi-rùn sam bith.

**3. Tha sinn dhen bheachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig?**

Le cinnt tha foghlam gu math cudthromach agus a-rithist tha na h-Ealain nam pàirt dhen a seo, oir tha diofar dhòighean ann daoine, sean agus òg, a thàladh chun a' Ghàidhlig. Tha e cudthromach gu bheil cothroman ann do luchd-cleachdaidh agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a' chàn an a chluinntinn agus a chleachdadh ann an diofar àitichean agus chan ann a-mhàin san sgoil. Bhiodh e feumail faicinn ciamar agus dè tha air a bheart airson barrachd luchd-teagaisg a tharraing dhan dreuchd.

Cuideachd, bu chòir barrachd cuideam a bhith air brosnachadh dhaoine le Gàidhlig ach nach eil ga cleachdadh tuilleadh agus a bhith ag aithneachadh an diofar eadar coimhearsnachdan ionadail, sgìreil agus bailteil nuair a thathar a' measadh air dè dìreach a tha a dhìth a thaobh foghlaim.

Tha sibh a' toirt iomradh air GLE agus tha sin math oir tha talamh torrach an seo, nan gabhadh bràth a ghabhail air.

**4. Tha sinn dhen bheachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudthromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ìre cleachdadh na Gàidhlig?**

Tha iomadh suidheachadh ann far a bheil Gàidhlig air a shnìomh a-steach do ar beatha làitheil. Bhiodh e math faicinn anns a' Phlana dòighean air seo an neartachadh agus a leudachadh. Bheireadh seo taic dhaibhsan a tha anns na coimhearsnachdan an cuid chànan a bhruidhinn le misneachd agus pròis agus bhiodh e na thoiseach tòiseachaidh air a bhith a' cruthachadh suidheachaidhean ùra a tha nan amas anns a' Phlana.

Bhiodh e feumail barrachd doimhneachd fhaicinn air dè seòrsa stiùir a tha a' dol a bhith air a thoirt seachad agus cuideachd beachd air dè na h-iomairtean a thathar am beachd airson Gàidhlig a neartachadh an luib deugairean, òigridh agus teaghlaichean

**5. Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh. Anns a' cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharraich sin agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann agus an dèanar adhartas ann a bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum?**

Tha e gu math cudthromach gun aithnich a' Phlana seo gu bheil feum air leasachadh agus taic airson na h-Ealain Ghàidhlig agus chuireamaid fàilte mu choinneamh iomairtean airson seo a choilionadh. Tha e cuideachd riatanach aithneachadh gu bheil luach an dà chuid anns na h-Ealain coimhearsnachd agus ionadail cho math ris an fheadhainn mhòra, nàiseanta.

**6. Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingean eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgrìobh sibh iad gu h-ìosal.**

Tha am Plana Nàiseanta seo gu math farsaing, leis gu bheil Alba fhèin gu math eadar-mheasgte. Leis a sin, am biodh e nas fhreagarraiche planaichean sgìreil a chruthachadh? Feadhainn a tha freagarrach air na feumalachdan a tha ag èirigh anns gach àite. Tha na tha a dhìth air luchd-

cleachdaidh na Gàidhlig ann an Glaschu gu tùr diofraichte an coimeas ris na h-Eileanan an Iar agus a' Ghàidhealtachd.

Leis a sin, tha sinn a' cur fàilte mu choinneamh an taic a tha Bòrd na Gàidhlig a' sealltainn dhan ionad ùr ann an Uibhist a Deas. Bu chòir e bhith na amas gum faigh na diofar sgìrean an taic a rèir na tha a dhìth orra.

Tha ceist ann cuideachd air ciamar a ghabhas am Plana a mheasadh an ceann na còig bliadhna a tha romhainn leis nach eil targaidean air an ainmeachadh air neo gnìomhan 'cruaidh' air an cur air adhart.